

**Prìomh-amas**

**Bidh Sabhal Mòr Ostaig ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig a chruthachadh agus a neartachadh air àrainn na Colaiste gus am bi fìor chothrom ann a' Ghàidhlig ionnsachadh agus a cleachdadh ann an ionad taiceil.**

**Poileasaidh**

- Gu bheil e mar fhiachaibh air a' Cholaiste a bhith a' strì ri àrainneachd a chruthachadh a bheir Cothrom na Fèinne dhan Ghàidhlig.
- Gur ann tro mheadhan na Gàidhlig a bhios cùrsaichean làn-ùine na Colaiste air an libhrigeadh, an làimhseachadh agus am measadh.
- Gur i a' Ghàidhlig cànan obrach làitheil na Colaiste agus gu beagnaich gach buidhne a tha ag obair fo a sgèith.
- Gu bheilear a' sùileachadh gum bi gach oileanach, neach-obrach agus neach-teagaisg a' cleachdadh na Gàidhlig air àrainn phoblach na Colaiste cho tric 's as urrainn, a rèir an comasan.
- Gun dèan a' Cholaiste gach oidhirp daoine le Gàidhlig fhasadh.
- Gu bheil a' Cholaiste a' strì ri bhith na h-eisimpleir de dheagh chleachdadh na Gàidhlig air bhonn 's gu bheil a cuid obrach a' cur ri inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig san fharsaingeachd.

**Gnìomhan**

Ag èirigh às a' phoileasaidh, thathar a' moladh na leanas:-

1. Comataidh Cànan a stèidheachadh gus am poileasaidh cànan a bhrosnachadh agus a leasachadh aig gach ìre dhen Cholaiste.
2. Rì linn trusaidh, mus tigear dhan Cholaiste, fios a chur chun nan oileanach gum bithear an dùil gun cleachdar a' Ghàidhlig gu cunbhalach air àrainn phoblach na Colaiste cho math ri anns na clasaichean.
3. Rè Seachdain nan Oileanach, agus tron bhliadhna air fad, sreath de thachartasan a chur air dòigh a mhinicheas
  - (a) prìomh amasan na Colaiste, carson a dh'fheumas mion-chànain a bhith gan sìor dìon fhèin agus carson a tha e cho cudromach an cànan a chleachdadh;
  - (b) dè na cnapan-starraidh a thaobh fèin-mhisneachd a thig an cois ionnsachadh cànan agus ciamar as urrainnear faighinn thairis orra.
4. Earrann a chur ri foirm-chlàraidh an oileanaich (ris an cuir iad an làmh) leis an gabhar os làimh a' Ghàidhlig a chleachdadh air àrainn phoblaich na Colaiste.
5. Sgeama Caraidean Cànan a chur air bhonn aig fìor thoiseach na bliadhna gus pàtran-cleachdaidh na Gàidhlig a stèidheachadh eadar oileanaich.
6. Taic a thoirt do Chomataidh Shòisealta nan Oileanach an latha Gàidhlig a shineadh a-mach taobh a-muigh nan uairean teagaisg. Chumadh a' bhuidheann seo còmhraidh ris na h-oileanaich, gu h-àraidh an fheadhainn air bheag misneachd, chuireadh i cuirmean is tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig air bhonn agus dhèanadh i ceanglaichean leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig. Thèid na h-oileanaich a bhrosnachadh gus feum a dhèanamh den Talla Mhòir mar ionad sòisealta Gàidhlig an urra riutha fhèin.
7. Cùrsaichean Gàidhlig is taic eile a thabhann air luchd-obrach na Colaiste saor an asgaidh.
8. Àrd ìre na Gàidhlig sgrìobhte (litreachadh agus gràmar) a thoirt am feabhas air feadh na Colaiste. Gus seo a thoirt gu buil, bidh trèanadh ann cho math ri seirbhis-dheasachaidh do luchd-obrach is do dh'oileanaich a bhiodh airson fiosrachadh a sgoileadh.
9. Lughdachadh na tha de shanasan Beurla sa Cholaiste: m.e. ainmean Gàidhlig a chleachdadh; pictograms a chleachdadh far a bheil, mar eisimpleir, smocadh no fònaichean-làimhe toirmisgte etc, cho fada 's a cheadaicheas riaghailtean sàbhailteachd.
10. Thèid am poileasaidh cànan a dhaingneachadh tro bhrosnachadh seach tro pheanasachadh.

**Pàipearan Taic**

Tha na pàipearan a leanas co-cheangailte ris a' phoileasaidh seo:-

- [A] Support Staff – Conditions of Employment
- [B] Gaelic Policy – Academic Delivery
- [C] Staff Development Policy

**Main Objective**

**Sabhal Mòr Ostaig aims to establish and develop a Gaelic community within the College campus so that there will exist a real opportunity to learn and use Gaelic within a supportive environment.**

**Policy**

- It is incumbent on the College to work towards creating an environment which gives Gaelic every opportunity to thrive and succeed.
- Full-time courses delivered by the College will be delivered, managed and assessed through the medium of Gaelic.
- Gaelic is the working language of the College and, predominantly, of its associated companies.
- It is expected that all students and members of staff, according to their linguistic abilities, will use Gaelic as often as possible within the public areas of the College.
- The College will make every effort to recruit Gaelic speaking staff.
- The College will make every effort to be an example of best practice in its use of Gaelic, in order that its activities contribute to the status and use of the language as a whole.

**Actions**

As a result of this policy, the following actions are proposed: -

1. That a Language Committee be established to encourage and develop the language policy at all levels of College activity
2. That as part of the student recruitment process, and prior to commencement of study, students are informed that they will be expected to use Gaelic regularly within the public areas of the College as well as in classes.
3. That during the Student Induction Week, and throughout the year, a programme of events is organised which will explain the following:
  - (a) the main objectives of the College, why minority languages increasingly have to fight for survival and why it is so important that the language is used;
  - (b) the barriers to self-confidence which arise during language learning and how these can be overcome
4. To add a section to the student registration form (which they sign) in which they agree to use Gaelic in the public areas of the College campus.
5. To establish a Language "Buddy" Scheme at the very beginning of the academic year so that the use of Gaelic amongst students becomes normalised.
6. To support the Student Social Committee in extending the Gaelic day outwith teaching hours. This group would give students the opportunity to converse in the language, especially those less confident learners; it would organise Gaelic-medium events and it would establish links with the Gaelic community. Students will be encouraged to utilise the Main Hall, Arainn Ostaig, as a Gaelic-medium social area, run by the students.
7. To offer Gaelic classes and other language support to College staff free of charge.
8. To enhance the level of written Gaelic (spelling and grammar) throughout the College. To achieve this, training will be provided and an editorial/publication service made available to staff and students who wish to distribute information.
9. To reduce the amount of English language signage used within the College by, for example, using Gaelic names, using pictograms to denote areas where smoking or the use of mobile phones is prohibited etc., as far as Health and Safety legislation allows.
10. The language policy will be fostered through encouragement and not through criticism.

**Supporting Documents**

The following documents relate to this policy:-

- [A] Support Staff – Conditions of Employment
- [B] Gaelic Policy – Academic Delivery
- [C] Staff Development Policy